

<p>Plana Com-pàirteachais airson Pàirc Nàiseanta a’ Mhonaidh Ruaidh Freagairt bho Bhòrd na Gàidhlig 16 Dùbhlachd 2021</p>	<p>Cairngorms National Park Partnership Plan consultation Response by Bòrd na Gàidhlig 16 December 2021</p>
<p>DAOINE</p> <p>B10 – Brosnaich barrachd cleachdadh na Gàidhlig sa Phàirc Nàiseanta.</p> <p>Tha sinn a’ cur fàilte mhòr gu bheil an t-amas seo ga ghabhail a-steach. Gu h-eachdraidheil, tha cànan is cultar na Gàidhlig air a bhith glè làidir sa Phàirc agus sna sgìrean timcheall air.</p> <p>Ach bu chòir gu bheil Plana Com-pàirteachais a’ Phàirc Nàiseanta cuideachd ag ràdh gu bheil Plana Gàidhlig aig Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a’ Mhonaidh Ruaidh (CNPA), a’ toirt tuairisgeul air na diofar sheòrsachan de ghnìomhachd a tha a’ nochdadh sa phlana sin agus a’ cur an cèill gu bheilear a’ foillseachadh tionndaidhean ath-ùraichte den phlana sin bho àm gu àm.</p> <p>Tha an tionndadh làithreach den Phlana Gàidhlig aig CNPA ag ràdh gu bheilear “Ag àbhaisteachadh na Gàidhlig ann an Ùghdarras Pàirc Nàiseanta a’ Mhonaidh Ruaidh”. Ach feumar Gàidhlig àbhaisteachadh taobh a-staigh nan amasan, poileasaidhean agus gnìomhachdan ann am Plana Com-pàirteachais a’ Phàirc Nàiseanta, mar shnàithlean a tha a’ ruith tro iomadh nì a tha/bhios CNPA a’ dèanamh san àm ri teachd.</p> <p>Ma thathar a’ dèanamh iomradh air a’ Ghàidhlig fo aon amas a-mhàin, dh’fhaodte gum bithear a’ dèanamh dheth gu bheil an comas aice a bhith a’ cuideachadh ghnòthaichean gu math cuibhrichte. Mar eisimpleir, ’s e aon de na targaidean/slatan-tomhais ann am B10: “Tha barrachd ghnòthachasan agus bhuidhnean coimhearsnachd a’ cleachdadh Gàidhlig sna stuthan sanasachd aca”. Ach feumaidh na buannachdan eaconamach a thig à seo a bhith air an aithneachadh ann an àitichean eile ann am Plana Com-pàirteachais a’ Phàirc Nàiseanta.</p> <p>B12 – Barrachd Iomadachd am measg Pròifil an Luchd-tadhail</p> <p>Bu chòir gu bheil seo a’ gabhail a-steach, sa chiad àite, toirt</p>	<p>PEOPLE</p> <p>B10 – Encourage greater use of Gaelic in the National Park.</p> <p>We very much welcome the inclusion of this objective. Gaelic language and culture has historically been very strong in the Park and neighbouring areas.</p> <p>However, the National Park Partnership Plan should also state that CNPA has a Gaelic Language Plan, describe the types of activities included within it and that updated editions are produced periodically.</p> <p>CNPA’s current Gaelic Language Plan refers to “Mainstreaming Gaelic into the CNPA”. However, there is also a need to mainstream Gaelic within the various objectives, policies, and actions in the National Park Partnership Plan, as a thread running through much of what CNPA does/can do in the future.</p> <p>Simply referring to Gaelic under a single objective gives the impression that its potential contribution is quite limited. For example, one of the targets/indicators in B10 is “More businesses and community groups using Gaelic in their promotional material”. However, the potential economic benefits from this need to be recognised elsewhere in the National Park Partnership Plan.</p> <p>B12 – More Diverse Visitor Profile</p> <p>This should include, first, making facilities and</p>

<p>cothrom air goireasan do bhuidhnean Gàidhlig is luchd-còmhnaidh Gàidhlig, a bharrachd air cothroman eile.</p> <p>Tha an àireamh de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig a' dol am meud. Tha an aplacaid airson cànanan ionnsachadh <i>Duolingo</i> air a bhith na shoirbheas mòr a thaobh tàladh dhaoine aig a bheil ùidh ann an ionnsachadh na Gàidhlig. Tha mu 600,000 daoine air an làrach sin a chur gu feum, agus tha mu 500,000 ga cleachdadh gu làithreach. Chaidh <i>SpeakGaelic</i> a chur air bhog o chionn ghoirid, a' tairgsinn a' mhodh-obrach as iomlaine airson ionnsachadh na Gàidhlig a chunnascas airson ginealach.</p> <p>San dàrna àite, a' tàladh barrachd luchd-tadhail gu Alba aig a bheil ùidh ann a bhith ag ionnsachadh barrachd mu dheidhinn na Gàidhlig. Fhuair sgrùdadh VisitScotland ann an 2016 gun robh, gun bhrosnachadh sam bith ro-làimh, barrachd air aon às gach triùir (34%) luchd-tadhail a' faireachdainn gun do chuir Gàidhlig, mar chànan nàiseanta na h-Alba, ris an turas aca agus gum bu mhath leotha tuilleadh fhaighinn a-mach ma deidhinn.</p> <p>Thathar ag aithneachadh comas mòr na Gàidhlig ann an ro-innleachd aig VisitScotland <i>Ro-innleachd Turasachd na Gàidhlig do dh'Alba</i>¹. Tha VisitScotland air a ràdh gu bheil "ùidh anns a' chànan a' sìor fhàs agus tha an làrach luchd-cleachdaidh againn, VisitScotland.com, ag aithris àrdachadh de 56% ann am fèill agus amharc air susbaint Gàidhlig"².</p> <p>Leis an àireamh de luchd-ionnsachaidh na Gàidhlig agus turasachd a tha co-cheangailte ris a' Ghàidhlig a' fàs, tha seo mar chothrom mìorbhaileach airson Pàirc Nàiseanta a' Mhonaidh Ruaidh. Sin ri ràdh, gus barrachd luchd-tadhail a thàladh, agus barrachd iomadachd nam measg, agus na buannachdan eaconamach a thig còmhla riutha. Gabhaidh sin a choileanadh le bhith a' leasachadh a' Phlana tro bhith a' gabhail a-steach Gàidhlig ann an raon de dh'amasan, poileasaidhean agus gnìomhachdan.</p> <p>B13 – Com-pàirteachadh tro fhoghlam, foirmeil agus neo-foirmeil</p> <p>Tha sgoiltean-àraich, bun-sgoiltean agus àrd-sgoiltean ann taobh a-staigh sgìre a' phàirc nàiseanta a tha a' libhrigeadh foghlam tro mheadhan na Gàidhlig. Far a bheilear a' solarachadh gnìomhachdan is seirbheisean, bu chòir gu</p>	<p>opportunities available for Gaelic speaking groups and residents.</p> <p>The number of Gaelic learners is increasing. The language learning app <i>Duolingo</i> has been a major success in attracting people interested in learning Gaelic. Around 600,000 people have engaged with the platform with around 500,000 live users. <i>SpeakGaelic</i> has very recently been launched, offering the most comprehensive approach to learning Gaelic in a generation.</p> <p>Second, attracting more of the visitors to Scotland who are interested in learning more about Gaelic. A 2016 VisitScotland survey found that, with no prior promotion, more than one in three visitors felt that Gaelic, as a national language of Scotland, enhanced their visit and they would like to find out more about it.</p> <p>The significant potential of Gaelic is recognised in VisitScotland's Gaelic Tourism Strategy for Scotland⁴. VisitScotland have also stated that "interest in the language continues to grow and our consumer site, VisitScotland.com, reports a 56% increase in the popularity and views of Gaelic content"⁵.</p> <p>The growth in Gaelic learner numbers and in Gaelic-related tourism represents a tremendous opportunity for Cairngorms National Park. That is, to attract a larger and more diverse number of visitors with the attendant economic benefits. That can be achieved by developing the Plan through including Gaelic in a range of objectives, policies and actions.</p> <p>B13 – Engagement through formal and informal education</p> <p>The National Park has within its area nursery and schools which deliver Gaelic-medium education. Provision of activities and services should also engage with these pupils as well include engagement with</p>
---	---

¹ <https://www.visitscotland.org/binaries/content/assets/dot-org/pdf/gaelic-tourism-strategy.pdf>

² <https://www.visitscotland.org/news/2021/gaelic-toolkit>

⁴ <https://www.visitscotland.org/binaries/content/assets/dot-org/pdf/gaelic-tourism-strategy.pdf>

⁵ <https://www.visitscotland.org/news/2021/gaelic-toolkit>



<p>bheillear a’ dèanamh com-pàirteachadh leis na sgoilearan seo cuideachd, a bharrachd air com-pàirteachadh le buidhnean Gàidhlig ionadail agus luchd-bruidhinn na Gàidhlig bho thaobh a-muigh na sgìre. Ann an geàrr-chunntas, bu chòir gu bheil solar foghlaim ri fhaotainn airson clann is daoine òga a tha a’ dol gach cuid tro mheadhan na Beurla agus tro mheadhan na Gàidhlig, agus spèis cho-ionann ga toirt don dà chànan nuair a thathar ga libhrigeadh. Tha seo a’ gabhail a-steach eòlasan-ionnsachaidh air a’ bhàr a-muigh a tha air an stiùireadh le Spòrs Gàidhlig tro Chomunn na Gàidhlig. Bidh seo a’ cur ri coileanadh an Amais B10 le bhith a’ glèidheadh Gàidhlig “mar chànan is cultar gnìomhach taobh a-staigh coimhearsnachdan a’ Phàirc Nàiseanta”. Bidh seo a’ meudachadh oidhirpean CNPA gus Gàidhlig a thaisbeanadh mar chànan adhartach, beò.</p> <p>Bu chòir don targaid/slat-thomhais a bhith air a h-atharrachadh mar a leanas: “Àrdachadh ann an àireamh de Dhùisean Iain Muir a tha air an gabhail os làimh taobh a-staigh a’ Phàirc Nàiseanta, a’ gabhail a-steach an fheadhainn a tha air an dèanamh tro mheadhan na Gàidhlig.”</p> <p>POILEASADHEAN</p> <p>Poileasaidhean Dhaoine</p> <p>B1 – Eaconamaidh Sunnd</p> <p>Bu chòir gu bheillear ag atharrachadh seo mar a leanas gus na tha <i>Gàidhlig mar Bhuannachd</i> a’ cur ris an eaconamaidh aithneachadh.</p> <p>3 A’ brosnachadh fàs ann an raointean gnòthachais a tha a’ tarraing air càileachdan sònraichte a’ Phàirc Nàiseanta, leithid turasachd sheasmhach, biadh is deoch agus cultar is dualchas na Gàidhlig³.</p> <p>6 A’ leudachadh stèidh eaconamach a’ Phàirc Nàiseanta ann an raointean leithid nan gnìomhachasan cruthachail – a’ gabhail a-steach cultar is dualchas na Gàidhlig – agus cumhachd ath-nuadhachail agus a’ dèanamh cheanglaichean nas treasa le foghlam adhartach is foghlam àrd-ìre.</p> <p>B4 – A’ toirt Chothroman</p>	<p>local Gaelic groups as well as Gaelic speakers from outwith the area. In summary educational provision should be available for both Gaelic-medium and English-medium children and young people, with delivery demonstrating equal respect for both languages. That includes the outdoor learning experiences led by Spòrs Gàidhlig through Comunn na Gàidhlig. This will contribute to achieving Objective B10 by maintaining Gaelic “as an active language and culture within the communities of the National Park”. It will enhance CNPA’s efforts to present Gaelic as a living, modern language.</p> <p>The target/indicator should be amended as follows “An increase in the number of John Muir Awards undertaken within the National Park, <i>including those through Gaelic medium.</i>”</p> <p>POLICIES</p> <p>People Policies</p> <p>B1 – Well-being Economy</p> <p>This should be amended as follows to recognise the economic contribution that <i>Gaelic as an Asset</i> can make.</p> <p>3. Encouraging growth of business sectors that draw on and support the special qualities of the National Park, such as sustainable tourism, food and drink and <i>Gaelic culture and heritage</i>⁶.</p> <p>6. Broadening the economic base of the National Park into sectors such as the creative industries - <i>including Gaelic culture and heritage</i> - and renewable energy and making stronger links with higher and further education.</p> <p>B4 – Providing Opportunities</p>
---	---

³Tha seo ag aithneachadh na leanas: “Tha Riaghaltas na h-Alba mothachail gu bheil Gàidhlig na pàirt bhunasach de dhualchas na h-Alba, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail san latha an-diugh, agus tha comas mòr aice cur ri luach eaconamach is sòisealta”. <https://www.gov.scot/publications/consultation-scottish-governments-draft-gaelic-language-plan-2021-2026/>

⁶This reflects that “The Scottish Government recognises that Gaelic is an integral part of Scotland’s heritage, national identity and current cultural life, and has great potential as an asset for adding economic and social value”-<https://www.gov.scot/publications/consultation-scottish-governments-draft-gaelic-language-plan-2021-2026/>



Tha sinn a' cur fàilte mhòr air mar a tha Gàidhlig air a gabhail a-steach mar aon de na raointean airson fòcas sònraichte gus cothroman a thoirt airson brosnachadh, ionnsachadh agus tuigse a leasachadh tro chom-pàirteachadh le daoine. Ach tha sinn ag ràdh a-rithist gum faod Gàidhlig pàirt a chluiche ann an raon de dh'amasan is gnìomhachdan ann am Plana Com-pàirteachais a' Phàirc Nàiseanta.

B8 - Maoineachadh airson leasachadh ionadail, air a stiùireadh leis a' choimhearsnachd, a tha luach co-dhiù ìrean nam prògraman a fhuair (tron Aonadh Eòrpach) ann an 2014 gu bhith rim faotainn airson riarachadh tro inneal riaghlachais a tha stèidhte sa Phàirc Nàiseanta

Tha sinn a' moladh, far a bheilear a' leasachadh no a' libhrigeadh sgeamaichean maoineachaidh tro inneal riaghlachais a tha stèidhte sa Phàirc Nàiseanta, gum bu chòir gu bheil na slatan-tomhais airson maoineachaidh a' gabhail a-steach beachdachadh air mar a thèid Gàidhlig a chur air adhart agus a chleachdadh leis na pròiseactan a tha a' cur iarrtas a-steach airson maoineachaidh.

Poileasaidhean Àite

C6 – Glèidh agus cuir ris an dualchas chultarach

Bu chòir gu bheil am Plana ag ràdh gu bheil an dualchas cultarach neo-stuthach a cheart cho cudromach 's a tha an dualchas fiosaigeach air am bi poileasaidh a' cur fòcas an-dràsta.

Bu chòir don teacsa a bhith air atharrachadh mar a leanas:

4 A' cur air adhart cothroman leis am faod daoine dualchas cultarach a' Phàirc Nàiseanta a mhealadh agus a chomharrachadh, a' gabhail a-steach na h-ealain, spòrs agus dualchas coimhearsnachd – *nì a tha a' gabhail a-steach Gàidhlig.*

GNÌOMHAN 2022-27

Bu chòir gu bheil na gnìomhan air an atharrachadh mar a tha riatanach mar thoradh air na h-atharrachaidhean a tha sinn a' moladh do na diofar amasan is prìomhachasan.

We very much welcome the inclusion of the Gaelic language as one of the areas of particular focus to provide opportunities for inspiration, learning and understanding through engaging with people. However, we reiterate that Gaelic has a role in a range of the National Park Partnership Plan's objectives and actions.

B8 - Community-led local development funding equivalent to at least 2014 (EU-based) programme levels is made available for distribution through a National Park-based governance mechanism

We recommend that if funding schemes are developed and/or delivered through a National Park-based governance mechanism that the criteria for funding should include consideration of how Gaelic will be promoted and used with the projects that apply for funding.

Place Policies

C6 - Conserve and enhance the cultural heritage

The Plan should state that intangible cultural heritage is of equal importance to the physical heritage that is the current focus of this policy.

The text should also be amended as follows:

4. Promoting opportunities to enjoy and celebrate the cultural heritage of the National Park, including its arts, sports, and community heritage - *including in relation to Gaelic.*

ACTIONS 2022-27

These should be amended as required to reflect our suggested alterations to various objectives and priorities.

